

<p><b>Freagairt Bòrd na Gàidhlig air Measadh Slàn airson Solarachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig Ùghdarras Ionadail: Siorrachd Rinn Friù an Ear</b></p> <p><b>13 Faoilleach 2022</b></p>	<p><b>Bòrd na Gàidhlig Response to Full Assessment on the Provision of Gaelic Medium Primary Education</b></p> <p><b>Local Authority: East Renfrewshire</b></p> <p><b>13 January 2022</b></p>
<p><b>Ro-ràdh</b></p> <p>Mhothaich Bòrd na Gàidhlig na leanas:</p> <ol style="list-style-type: none"> <li>1. Fhuair Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear iarrtas bho phàrantan taobh a-staigh an Ùghdarras Ionadail a’ sireadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre Bun-sgoil (GMPE) a’ tòiseachadh anns an Seisean 2023-24 agus gun deach an stairsneach de 5 clann a ruigsinn airson an iarrtais seo.</li> <li>2. Às dèidh measadh tòiseachaidh, chaidh an t-Ùghdarras Ionadail air adhart gu Measadh Slàn (Roinnean 12 agus 13 Achd an Fhoghlaim 2016). Chaidh Measadh Slàn a thòiseachadh air sgàth ‘s gun do dhearbhaich an t-Ùghdarras Ionadail gu bheil feum anns an t-sealladh airson GMPE às dèidh a’ mheasaidh thòiseachaidh.</li> <li>3. Chaidh beachdan Bòrd na Gàidhlig a lorg leis an Ùghdarras Ionadail ann an litir bho 16mh an Dùbhlachd 2021 agus chaidh choinneamh a chumail eadar Stiùiriche an Fhoghlaim agus àrd-oifigearan an fhoghlaim eile ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig agus Manaidsear an Fhoghlaim air 12mh an Fhaoilleach 2022.</li> </ol> <p><b>Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig</b></p> <p>A rèir Stiùireadh Reachdail mu Fhoghlam Gàidhlig Roinnean 1.49 agus 1.50, tha am Bòrd den bheachd gu bheil feum ann airson GMPE taobh a-staigh Siorrachd Rinn Friù an Ear bho thoiseach an Seisein 2023-24.</p>	<p><b>Introduction</b></p> <p>Bòrd na Gàidhlig notes the following:</p> <ol style="list-style-type: none"> <li>1. East Renfrewshire Council received a request from parents within the Local Authority seeking Gaelic Medium Primary Education (GMPE) commencing in the Session 2023-24 and that the threshold of 5 children had been reached for this request.</li> <li>2. Following an initial assessment, the Local Authority proceeded to a Full Assessment (Sections 12 and 13 of the Education Act 2016). The Full Assessment has been initiated because the Local Authority has determined there is a potential need for GMPE following the initial assessment.</li> <li>3. The views of Bòrd na Gàidhlig were sought by the Local Authority in a letter dated 16<sup>th</sup> December 2021 and a meeting between the Director of Education and other senior education officials in East Renfrewshire and the Director of Gaelic Education and the Education Manager at Bòrd na Gàidhlig took place on the 12<sup>th</sup> of January 2022.</li> </ol> <p><b>Response from Bòrd na Gàidhlig.</b></p> <p>In accordance with the Statutory Guidance on Gaelic Education Sections 1.49 and 1.50 the Bòrd is of the view that there is a need for</p>

'S e prìomh adhbhar airson seo gun deach stairsneach 5-clann a ruigsinn agus gu bheil fianais ann gun do dh'iarrr pàrantan Siorrachd Rinn Friù an Ear airson GMPE ann an seiseanan a chaidh seachad tro iarrtasan curadh gu seirbhisean GMPE ann an Ùghdarrasan Ionadail rin taobh agus gu bheil fianais a bharrachd ann airson iarrtas a bharrachd ann an seiseanan às dèidh 2023-24.

Tha sinn mothachail cuideachd gu bheil cus sìntes ann an-dràsta gu seirbhisean GMPE ann an Glaschu agus tha coltas ann nach bi iarrtasan o taobh a-muigh Glaschu soirbheachail.

Anns na còmhraidhean air 12mh Faoilleach 2022 còmhla ri Stiùiriche an Fhoghlaim agus buill Àrd Sgioba-stiùiridh an Fhoghlaim ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, thug sinn fa-near air na leanas ann an co-theacsa Roinn 1.52 Stiùireadh Reachdail mu Fhoghlam Gàidhlig:

- a) Mar phàirt den lèirmheas seo, tha an t-Ùghdarras Ionadail a' moladh ma thig roinn GMPE gu bhith, gun gabh e a-steach an t-Ùghdarras Ionadail air fad. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur taic làidir ris an t-sealladh seo. 'S e beachd Bòrd na Gàidhlig ma tha aon seirbhis GMPE aig an Ùghdarras Ionadail gum bi e a' libhrigeadh na seirbheis seo airson a h-uile neach-fuireach san Ùghdarras Ionadail.
- b) Tha an t-Ùghdarras Ionadail a' dèanamh sgrùdadh an-dràsta air làraich airson seirbhis GMPE agus mholadh iad, ma thèid aontachadh ri GMPE, gun tèid cho-chomhairleachaidhean poblach a dhèanamh anns an sgìre-ghlacaidh GMPE.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aontachadh leis an gnìomh seo. Tha am Bòrd a' moladh gun dean an t-Ùghdarras Ionadail ath-sgrùdadh air solarachadh GMPE ann an co-theacsa seirbhis Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) 3-18 a

GMPE within East Renfrewshire from the commencement of Session 2023-24.

The principal reason for this is that the 5-child threshold has been met and that there is evidence of parents from East Renfrewshire seeking GMPE in previous sessions through placing requests to GMPE services in adjacent Local Authorities and that there is furthermore evidence of additional demand in sessions after 2023-24.

We also note the current oversubscription to GMPE services in Glasgow and the likelihood that placing requests from out with Glasgow will not be successful.

In our discussions on the 12<sup>th</sup> of January 2022 with the Director of Education and Education Senior Management Team members in East Renfrewshire, we note the following in the context of Section 1.52 of the Statutory Guidance on Gaelic Education:

- a) As part of the current review, the Local Authority is proposing that any resultant GMPE area is determined as being the whole of the Local Authority. Bòrd na Gàidhlig firmly supports this view. It is the view of Bòrd na Gàidhlig that a Local Authority with a single GMPE service should deliver the service for all residents of the Local Authority.
- b) The Local Authority are currently reviewing potential sites for a GMPE service and would propose that, should GMPE provision be agreed, a public consultation will take place on the GMPE catchment.

Bòrd na Gàidhlig agrees with this course of action. The Bòrd recommends that the Local Authority reviews provision of GMPE in the context of ultimately providing a 3-18 Gaelic Medium



solarachadh aig a' cheann thall airson luchd-fuireach Siorrachd Rinn Friù an Ear. Mar sin gabhadh seo a-steach beachdachadh air solar FMG aig ìre Tràth-bhliadhnaichean agus Àrd-ìre a thoirt seachad san àm ri teachd. Tha Bòrd na Gàidhlig toilichte comhairle proifeasanta agus taic a thoirt seachad airson planadh ro-innleachdail san àm ri teachd a thaobh seirbhis FMG 3-18 taobh a-staigh Siorrachd Rinn Friù an Ear.

- c) Tha am Bòrd a' moladh an Ùghdarras Ionadail airson a sgrùdaidh tòiseachaidh airson taic maoineachaidh fhaighinn bho Sgeama an Tabhartas Sònraichte agus Maoin Calpa Foghlam Gàidhlig air an ruith le Riaghaltas na h-Alba.
- d) Anns a' choinneamh eadar oifigeilean Foghlaim Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Sgioba an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig air 12mh Faoilleach 2022 chaidh deasbaid a ghabhail a thaobh luchd-obrach. A dh'aindeoin na dùbhlain a thaobh luchd-obrach GMPE a trusadh air sgàth 's fàs iarrtas airson nan seirbhisean seo thar Alba, tha am Bòrd den bheachd gum bi e comasach luchd-obrach iomruin agus/no trusadh. Bidh sgioba Foghlam a' Bhùird toilichte comhairle agus taic proifeasanta a sholarachadh a thaobh structaran an luchd-obrach agus pròiseasan trusaidh.
- e) Tha am Bòrd a' mothachadh gu bheil Plana Gàidhlig an gnìomh aig an Ùghdarras Ionadail agus gu bheil an dreachd làithreach a' mìneachadh sreath gnìomhan airson an ùine 2017-2022.

'S e beachd Bòrd na Gàidhlig gun tog libhrigeadh GMPE air gnìomhan a thathar gan dèanamh an-dràsta taobh a-staigh dreachd làithreach a' Phlana Ghàidhlig.  
Bidh an Sgioba Planaidh agus Sgioba an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig toilichte

Education (GME) service for residents of East Renfrewshire. This would entail therefore reflection on providing GME Early Years and Secondary provision at a future point. Bòrd na Gàidhlig is happy to provide professional advice and support for future strategic planning concerning a GME 3-18 service within East Renfrewshire.

- c) The Bòrd commends the Local Authority for its initial review of the potential for accessing funding support from the Specific Grant Scheme and Gaelic Education Capital Fund operated by the Scottish Government.
- d) In the meeting between East Renfrewshire Education officials and the Education Team at Bòrd na Gàidhlig on the 12<sup>th</sup> of January 2022 discussion to place regarding staffing. Despite the challenges in recruiting GMPE staffing due to the rising demand for these services across Scotland, the Bòrd is of the view that assigning and/or recruiting staff should be possible. The Bòrd Education team will be happy to provide professional advice and support regarding possible staffing structures and recruitment processes.
- e) The Bòrd notes that the Local Authority has a Gaelic Language Plan in place with the current edition detailing a set of actions for the period 2017-2022.

It is the view of Bòrd na Gàidhlig that delivery of GMPE will build on actions already undertaken within the current edition of the Gaelic Language Plan. The Planning Team and Education Team at Bòrd na Gàidhlig will be happy to



comhairle agus taic proifeasanta a bharrachd a sholarachadh air ath-dhreachd a' Phlana Ghàidhlig airson Siorrachd Rinn Friù an Ear. Solaraidhidh solar GMPE taobh a-staigh an Ùghdarras Ionadail fòcas airson ath-bheachdachadh air adhartas làithreach agus sealladh airson leasachadh san àm ri teachd.

### Beachdan sam bith eile:

Às dèigh na còmhraidhean againn air 12mh Faoilleach 2022 còmhla ri Stiùiriche an Fhoghlaim agus buill Àrd Sgioba-stiùiridh an Fhoghlaim ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, thug sinn fa-near air am fiosrachadh a bharrachd na leanas:

- 1) Ann an co-theacsa an Stiùireadh Reachdail mu Fhoghlam Gàidhlig dh'obraich Bòrd na Gàidhlig còmhla ri iomadh Ùghdarras Ionadail air seirbhisean GMPE am bith no as coltaiche a bhrosnachadh anns an seisean 2021-22. A thaobh seo chaidh sanasachd ionadail air na buaidhean FMG a choimiseanachadh le Bòrd na Gàidhlig agus chaidh Coinneamhan Poblach air loidhne a ghabhail leis a' Bhòrd agus luchd-obrach Foghlam an Ùghdarras Ionadail. Bidh Bòrd na Gàidhlig toilichte a bhith ag obair còmhla ri Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear agus taic coltach ri seo a thoirt seachad.
- 2) Nuair a stèidhich Ùghdarrasan Ionadail eile seirbhisean GMPE, thug Sgioba an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig seachad taic sònraichte airson an Ùghdarras Ionadail, luchd-obrach GMPE, luchd-obrach Foghlam tro mheadhan na Beurla san aon àite, pàrantan agus a' choimhearsnachd ionadail. Bidh Bòrd na Gàidhlig toilichte prògram taic sònraichte a leasachadh airson solarachadh seirbhisean GMPE ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear.

provide additional professional advice and support on the next edition of the Gaelic Language Plan for East Renfrewshire.

The provision of GMPE within the Local Authority provides a focus for reflection on current progress and a vision for future development.

### Additional Comments:

Following our discussions on the 12<sup>th</sup> of January 2022 with the Director of Education and Education Senior Management Team members in East Renfrewshire we note the following additional information:

- 1) In the context of the Statutory Guidance on Gaelic Education Bòrd na Gàidhlig has been working with several Local Authorities on promoting existing or potential GMPE service in the session 2021-22. In this regard local advertising of the benefits of GME has been commissioned by Bòrd na Gàidhlig and online Public Meetings hosted by the Bòrd and Local Authority Education staff have taken place. Bòrd na Gàidhlig will be happy to work with East Renfrewshire Council to provide similar support.
- 2) When other Local Authorities have set up GMPE services, the Education Team at Bòrd na Gàidhlig have provided tailored support for the Local Authority, GMPE staff, colocated English Medium staffing, parents and the local community. Bòrd na Gàidhlig will be happy to develop a tailored support program for the delivery of GMPE services in East Renfrewshire.



3) Ma tha an Ùghdarras Ionadail a’ lorg fiosrachadh no taic a bharrachd a thaobh pàirt sam bith den solarachadh GMPE ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, bidh Bòrd na Gàidhlig toilichte coinneamh a ghabhail gus beachdachadh ma dh’fhaodar taic a bharrachd a sholarachadh.  
Anns a’ chiad dol a-mach nach cuiribh fios do Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig, a thèid ainmeachadh fodha.

Tha sinn a’ dèanamh fiughair ri obair còmhla ri Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear gus Seirbhis GMPE ùr a leasachadh airson muinntir an Ùghdarras Ionadail, a bhios a’ neartachadh agus a’ cur ri Solarachadh an Fhoghlaim a thathar a’ lìbhrigeadh leis an Ùghdarras an-dràsta.

Deagh dhùrachdan,

Shona C NicIllinnein  
Ceannard, Bòrd na Gàidhlig

3) Should the Local Authority seek additional information or support regarding any aspect of the provision of GMPE within East Renfrewshire, Bòrd na Gàidhlig will be happy to arrange to meet to ascertain whether additional support could be provided.  
In the first instance please contact the Director of Gaelic Education whose details are noted below.

We look forward to working with East Renfrewshire Council in developing a new GMPE Service for residents of the Local Authority which will enrich and augment the Educational Provision already being delivered by the Authority.

Deagh dhùrachdan,

Shona MacLennan  
Ceannard, Bòrd na Gàidhlig

